

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## **BÒRD NA GÀIDHLIG A' COMHARRACHADH SLIGHE ÙR DO DH'FHOGHLAM GÀIDHLIG TRO CHOMPÀIRTEACHAS**

### **Son a chleachdadh sa bhad - 01 An Gearran 2011**

Tha slighe ùr nàiseanta ga dhealbhadh do dh'fhoghlam Gàidhlig le na buidhnean a tha an sàs ann a bhith a' libhrigeadh seirbheisean agus planaichean leasachaidh. Dh'aontaich a' Bhuidheann Stiùiridh Nàiseanta son Foghlam Gàidhlig bunait de dhòighean-obrach ùra a bhios, taobh staigh nam mìosan romhainn, a' cur gu mòr ri dreachd ùr an ath Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig.

Bha buill an làthair aig a' choinneamh a chaidh a chumail an Glaschu bho àrd-oifigearan a' riochdachadh ùghdarrasan ionadail, Oilthighean, colaistean agus buidhnean eile a tha deatamach ann a bhith a' libhrigeadh seirbheisean foghlam Gàidhlig. Thuirt Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard Bhòrd na Gàidhlig: “ S e coinneamh gu math adhartach a bha seo a' tairgse deagh chothrom do na prìomh bhuidhnean agus oifigearan àrd-ìre a dhol an sàs anns na dùbhlain a tha romhainn anns na mìosan a tha a' tighinn, agus cuideachd leasachaidhean fìor chudromach leithid Lèirmheas Donaldson air foghlam luchd-teagaisg ann an Alba. Chaidh aontachadh leis a' mhòr-chuid gum bu chòir cumail air adhart a' daingneachadh cheangalan thar gach raon obrach anns a bheil sinn an sàs agus bidh iomairtean tro chompàirteachas air leth cudromach ann a bhith a' coileanadh ar rùintean agus amasan. Feumaidh sinn a bhith sùbailte ann a bhith a' dèiligeadh ri àrainneachd an fhoghlaim a tha a' sìor ghluasad agus ag atharrachadh agus feumaidh sinn targaidean nàiseanta aontachadh air mar a thig sinn gu ar ceann-uidhe.”

Ghabh a' choinneamh cothrom cuideachd leirmheas a dhèanamh air na prìomhachasan ann an aithisg gnìomh a' Bhùird, Ginealach Ùr na Gàidhlig, a tha air a dhealbhadh son àireamhan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a mheudachadh.

Thuirt Mgr MacAoidh: “Tha e fìor dheatamach gu bheil taic againn bho na prìomh bhuidhnean a tha air an riochdachadh tron bhuidhinn nàiseanta seo ann a bhith a' toirt ar planaichean gu buil agus ann a bhith a' dealbh ro-innleachd nàiseanta airson foghlam Gàidhlig. Bidh seo na phàirt uamhasach cudromach de bhith a' dealbh a' Phlana Nàiseanta Ùir agus tha sin ri bhith an làmh an Mhinistear na Gàidhlig ann an 2012. Tha fhios againn uile gu bheil dùbhlain romhainn aig ìre ionadail agus nàiseanta agus tha gach buidheann a tha an

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



sàs ann a bhith a’ frithealadh foghlam air an aon ràmh ris a’ Bhòrd agus ag iarraidh gach buannachd a ghabhas faighinn às an stòras a th’againn.”

Tha dùil gun tèid an ath cheum a ghabhail ann a bhith ag aontachadh an ro-innleachd nàiseanta do dh’fhoghlam Gàidhlig aontachadh aig deireadh na Màirt.

Fhad sa tha sin a’ tighinn gu ìre, tha Bòrd na Gàidhlig a’ cur taic ri iomairt son barrachd fiosrachaidh a sgaoileadh a mhisneachadh phàrantan mu Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig agus thèid an iomairt sin air adhart gu h-ionadail agus gu nàiseanta tro phàipearan naidheachd agus air-loidhne, a’ tarraing aire phàrantan gu buannachdan a tha an lùib dà-chànanas.

Airson barrachd fiosrachaidh mu na buannachdan a tha ann an dà-chànanas agus Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig air feadh Alba, cuiribh fios gu Sgioba an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig air 01463 225454 no tron phost-d aig: [oifis@gaidhlig.org.uk](mailto:oifis@gaidhlig.org.uk)

## A chrìoch

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun naidheachd seo, cuiribh fios gu:**

**Màiri Nic Ille Mhaoil, Leasaiche Foghlaim & Ionnsachadh aig Bòrd na Gàidhlig, air:  
0141 341 1023 neo aig [mairi@gaidhlig.org.uk](mailto:mairi@gaidhlig.org.uk).**

**Foillsichte: 1 Gearran 2011**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **BÒRD NA GÀIDHLIG MAPS NEW NATIONAL STRATEGY FOR GAELIC EDUCATION**

**For use immediately – 01 February 2011**

A new national pathway for the national development of Gaelic education is being drawn up by the key agencies involved in delivering development plans for the language. The Gaelic National Education Steering Group, meeting in Glasgow, mapped out a new way forward which will contribute, within the next few months, a major element in the formulation of the next National Plan for Gaelic.

The meeting was attended by senior officials representing local authorities, Universities, colleges and other key agencies involved in delivering aspects of Gaelic education. John Angus MacKay, Ceannard (CEO) of Bòrd na Gàidhlig, said: “The meeting was very positive and offered all the relevant agencies and their key decision makers a platform where we could discuss the main challenges we face in the coming months and also highly important ongoing developments and reviews such as the Donaldson Report on Teacher Education in Scotland. There was a general agreement that we need to continue developing linkages across all the areas we are working in and that collaboration and joint initiatives will be key to successful delivery of our aims and aspirations. We need to adapt our plans to the constantly changing landscape of educational developments and have nationally agreed ways of achieving what we want.”

The meeting also took the opportunity to review priority action areas to be pursued in delivering Bòrd na Gàidhlig’s action plan *Ginealach Ùr na Gàidhlig*, which is aimed at increasing the number of Gaelic speakers.

Mr MacKay said: “It is vitally important that we have the backing of the key players represented on the National Gaelic Education Steering Group in progressing our plans and in the development of the national strategy for Gaelic education. This will form a key strategic part of the new National Plan which is due to be presented to the Minister for Gaelic in 2012. We all know these are challenging times at a local and national level and all providers of education share the Bòrd’s aims and desire to see our resources put to the best possible use.”

It is expected that the next stage in agreeing the new national strategy for Gaelic education will be agreed by the Steering Group at the end of March.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Meanwhile, Bòrd na Gàidhlig is stepping up its information campaign aimed at informing parents on Gaelic Medium Education and will be advertising in the national and local media, as well as on-line, to bring the benefits of bilingualism to the attention of parents.

For more information about the benefits of bilingualism and Gaelic Medium Education throughout Scotland, contact the Education team at Bòrd na Gàidhlig on **01463 225454** or email: [ofis@gaidhlig.org.uk](mailto:ofis@gaidhlig.org.uk)

**Ends**

**For further information on the contents of this News Release, please contact:  
Mairi MacMillan, Head of Education & Learning for Bòrd na Gàidhlig, on:  
0141 341 1023 or [mairi@gaidhlig.org.uk](mailto:mairi@gaidhlig.org.uk).**

**Issued: 1 February 2011**